

An Eala Bhànn

Gur duilich leam mar tha mi 's mo chridhe 'n sàs aig bròn
Bhon an uair a dh'fhàg mi beanntan àrd a' cheò
Gleanntanan a' mhànrain, nan loch, nam bàgh 's nan srom
'S an eala bhànn tha tàmh ann gach latha air 'm bheil mi 'n tòir.

A Mhagaidh na bi tùrsach a rùin ged gheibhinn bàs
Cò am fear am measg an t-sluaigh a mhaireas buan gu bràth
Chan eil sinn uile ach air chuairt mar dhìthein buaile a' fàs
Bheir siantanan na bliadhna sìos 's cha tog a' ghrian an-àird.

Air m' uilinn anns na truinnsichean tha m' inntinn ort, a ghraidh
Nam chadal bidh mi a' bruadar ort cha dualach dhomh bhith slàn
Tha m' aigne air a lìonadh le cianalas cho làn
'S a'ghruag a dh'fhàs cho ruadh orm a-nis air thuar bhith bànn.

Mas e 's gu bheil e 'n dàn dhomh on bhlàr gun till mi beò
Is gu faic mi 'n t-àite san deach mi m' àrach òg
Bidh sinne 's crathadh làmh againn is bilean blàth toirt phòg
'S mo ghealltanас bidh pàighe dhut le fainne chur mud mheòir.

Oidhche mhath leat fhèin a rùn nad leabaidh chùbhraidh bhlàth
Cadal sàmhach air a' chul do dhùsgadh sunndach slàn
Tha mise 'n seo san transaidh fhuar 's nam chluasan fuaim a' bhàis
Gun dùil ri faighinn às le buaidh tha 'n cuan cho buan ri shnàmh.